

Sgrùdadh 2023/24 air Comhairle nan Eilean Siar

Ionnsaigh-saidhbeir a' toirt buaidh air obair agus
seirbheisean



ACCOUNTS COMMISSION 

Air ullachadh leis an Rianadair Sgrùdaidh
An t-Samhain 2025

Clàr-innse

Toraidhean a' Choimisein	3
Ro-ràdh	6
A' tuigsinn na h-ionnsaigh-saidhbeir	8
Mar a fhreagair a' Chomhairle	14
Leasanan a chaidh ionnsachadh	18
Co-dhùnadh	23
Eàrr-ràdh	25

Ruigsinneachd

Gheibh sibh barrachd fiosrachaidh agus faodaidh sibh an aithisg seo a leughadh le bhith a' cleachdadh teicneòlas taic air an làraich-lìn againn www.audit.scot/accessibility.

Toraidhean a' Choimisein

Tha Coimisean nan Cunntasan toilichte gun do chleachd an Rianadair Sgrùdaidh a cumhachdan gus aithisg fhoillseachadh air an ionnsaigh-saidhbeir air Comhairle nan Eilean Siar ann an 2023, air an deach iomradh a thoirt ann an Aithisg Sgrùdaidh Bhliadhnail na Comhairle airson 2023/24. Às dèidh beachdachadh air aithisg an Rianadair (air a thaisbeanadh air taobh-duilleig 6) aig a' choinneimh aca air 6 Samhain, tha an Coimisean air na co-dhùnaidhean a tha air an taisbeanadh gu h-ìosal a dhèanamh, agus tha mòran dhiubh sin buntainneach do na comhairlean uile, leis cho mòr 's a tha iad an eisimeil teicneòlas didseatach thar gach raon seirbheis, rud a tha a' sìor fhàs, agus mar thoradh air nàdar dinimigeach nam bagairtean is nan cunnartan saidhbeir.

- Tha sinn a' moladh freagairt luath na Comhairle dhan ionnsaigh, agus mar a thug iad prìomhachas do sheirbheisean loidhne-aghaidh. Tha e soilleir gun d' rinn an luchd-obrach an dìcheall gus a' bhuaidh air cleachdaichean seirbheis, solaraichean agus air a' choimhearsnachd ionadail a lùghdachadh, agus tha e soilleir cuideachd gu bheil mòran sheirbheisean fhathast a' dèiligeadh ris a' chàrn obrach a chruthaich an ionnsaigh, a bharrachd air libhrigeadh làitheil. Tha sinn a' toirt fa-near gu bheil coileanadh seirbheis air a bhith gu math seasmach agus tha sinn toilichte gun deach cunntasan 2024/25 a chrìochnachadh air an uair agus gun tòisich an sgrùdadh bliadhnail a dh'aithghearr. Ach, tha luchd-sgrùdaidh air sealltainn gun robh cuideam air mòran den luchd-obrach agus tha sinn an dùil gum beachdaich a' Chomhairle air na leasan a dh'fhaodar ionnsachadh a thaobh conaltradh le luchd-obrach agus le bhith a' toirt taic dhaibh aig amannan far a bheil streas agus uallach obrach a bharrachd orra co-cheangailte ri tachartasan cudromach.
- Tha dragh oirnn nach deach cuid de phrìomh mholaidhean sgrùdaidh (bho luchd-sgrùdaidh a-staigh agus a-muigh) co-cheangailte ri tèarainteachd-saidhbeir a chur an gnìomh fhathast. Chaidh laigsean ann am bun-structar IT, riaghladh, ullachadh agus comas-libhrigidh luchd-obrach a chomharrachadh air ais ann an 2021/22 agus nam biodh iad dèiligeadh riutha na bu tràithe, is dòcha gum biodh seo air buaidh na h-ionnsaigh a lùghdachadh. Mar phrìomhachas, bu chòir clàran-ama a shuidheachadh, a bhios reusanta agus

a ghabhas coileanadh, airson a h-uile moladh sgrùdaidh a chaidh aontachadh, a chuidicheas buill thaghte gus sùil a chumail air lìbhrigeadh nas èifeachdaiche agus gus fòcas a chur air lùghdachadh chunnartan. Tha seo cudromach airson moladh sam bith a thèid aontachadh airson gach comhairle.

- 3 Tha sinn toilichte fhaicinn gu bheil riaghladh nas fheàrr ann a thaobh ullachadh agus freagairt saidhbeir, ach feumaidh a' Chomhairle a bhith nas soilleire mun ìre agus mun t-seòrsa cunnart a tha i deònach gabhail ris agus gum bi am 'miann' cunnart seo a' stiùireadh a co-dhùnaidhean air prìomhachasan tasgaidh èiginneach a thaobh tèarainteachd saidhbeir. Bidh e cudromach taic a chumail ri buill san dreuchd riaghlaidh saidhbeir seo gus an urrainn dhaibh an sgrùdadh agus dùbhlàn riatanach a thoirt seachad.
- 4 Ged a bha freagairt na Comhairle èifeachdach gu ìre mhòr às dèidh na h-ionnsaigh, cha deach planaichean leantainneachd gnìomhachais a chur an sàs gu cunbhalach, agus cha deach an deuchainn le suidheachaidhean cho dona ris an fhear seo. Mar chùis èiginneach, tha sinn an dùil gun dèan a' Chomhairle deuchainnean mionaideach is cunbhalach air Planaichean Freagairt Tachartasan-saidhbeir, Ath-shlànachadh bho Mhòr-thubaist agus Leantainneachd Gnìomhachais.
- 5 Tha sinn a' cur iompaidh air a h-uile comhairle prìomhachas a thoirt do dh'ullachadh agus deuchainnean airson phlanaichean – tha seo agus eisimpleirean ainmeil eile bho chionn ghoirid air sealltainn nach eil duine sam bith sàbhailte, ach gun urrainn dhan a h-uile duine ullachadh gus an lùghdaichear buaireadh. Tha seo gu sònraichte cudromach do chomhairle, aig a bheil luchd-obrach a bheir seirbheisean do chuid de na daoine as so-leònte sna coimhearsnachdan againn. Gu fortanach, cha deach buaidh a thoirt air prìomh raointean leithid foghlam agus cùram sòisealta leis an ionnsaigh seo ach tha e ro-chudromach gun cumar sùil leantainneach air bun-structar IT (siostaman, lethbhreacan gleidhidh, riaghladh agus deuchainnean so-leòntachd) agus trèanadh luchd-obrach thar gach seirbheis fhad 's a bhios cunnartan agus bagairtean saidhbeir ag atharrachadh agus a' fàs. Cha bu chòir do dhuine sam bith a leughas an aithisg seo smaoineachadh 'cha tachradh sin dhuinne' leis gu bheil an siostam IT aca eadar-dhealaichte.
- 6 Leis gu bheil àite nas cudromaiche aig didseatachadh ann an lìbhrigeadh sheirbheisean, tha e cinnteach gun èirich cunnartan a thaobh coltachd agus

buaidh ionnsaighean-saidhbeir. Do mhòran chomhairlean, tha e coltach gum bi e fhathast dùbhlach a bhith a' trusadh agus a' cumail luchd-obrach leis na sgilean agus eòlas IT a tha a dhìth. Tha an Coimisean a' cur fàilte air an obair a tha riaghaltas ionadail a' cur air adhart gus an comas didseatach a thogail a bhios riatanach airson an àm ri teachd. Chuireamaid impidh air an roinn a bhith a' toirt na h-obrach seo air adhart còmhla, gu luath, agus ann an com-pàirteachas le Riaghaltas na h-Alba agus buidhnean air an taobh a-muigh, leithid [Ionad Nàiseanta na Tèarainteachd Saidhbeir](#), [Ionad Saidhbeir is Foill na h-Alba](#) agus an [Oifis Dhigseatach airson Riaghaltas Ionadail na h-Alba](#) agus gus coimhead air a h-uile modail obrachaidh a dh'fhaodadh a bhith san àm ri teachd.

- 7** Dh'fhoillsich an Rianadair Sgrùdaidh ceithir prìomh thoraidhean agus rudan rin ionnsachadh bhon ionnsaigh seo agus tha sinn a' moladh gun sgrùd a h-uile comhairle an suidheachaidhean a thaobh gach nì a leanas:
- **Bun-structar IT** - tha cunnart nas motha air siostaman a tha air an cumail gu h-ionadail bho ionnsaighean-saidhbeir. Bu chòir do bhuidhnean ath-sgrùdadh a dhèanamh air a' bhun-structar aca gus dèanamh cinnteach gu bheil e seasmhach agus gu bheil e a' coileanadh inbhean aithnichte airson ath-shlànachadh bho mhòr-thubaistean.
 - **ullachadh agus deuchainnean** - bu chòir deuchainnean saidhbeir agus eacarsaichean ath-shlànachadh às dèidh mòr-thubaistean a dhèanamh gu cunbhalach. Bu chòir planaichean freagairt thachartasan a bhith air an aontachadh gu foirmeil agus bu chòir deuchainn a dhèanamh orra gu cunbhalach gus dèanamh cinnteach gu bheil iad freagarrach.
 - **trèanadh luchd-obrach** - bu chòir tèarainteachd fiosrachaidh a thoirt do luchd-obrach gu cunbhalach, le sùil ghnìomhach air ìrean frithealaidh gus dèanamh cinnteach gun dèanar e air feadh na buidhne.
 - **comas-lìbhrigidh an sgioba IT** - feumar comas agus comas-lìbhrigidh a stiùireadh gus dèanamh cinnteach gun urrainn dhaibh gnothaichean ath-leumachd saidhbeir a lìbhrigeadh gu h-èifeachdach agus planaichean ath-shlànachadh a chumail suas.
-

Ro-ràdh

1. A rèir a' Chòd Cleachdaidh Sgrùdaidh, feumaidh luchd-sgrùdaidh Aithisg Sgrùdaidh Bhliadhnail (*Annual Audit Report - AAR*) a sgrìobhadh, a' toirt seachad geàrr-chunntas air cùisean cudromach a tha a' tighinn bhon obair sgrùdaidh aca. Airson ùghdarrasan ionadail, bidh luchd-sgrùdaidh a' cur an AAR gu buill thaghte agus dhan Rianadair Sgrùdaidh.

2. Fhuair mi AAR 20023/24 airson Comhairle nan Eilean Siar (a' Chomhairle) bhon neach-sgrùdaidh fastaichte, Claire Gardiner (Buidheann nan Seirbheisean Sgrùdaidh, Sgrùdadh Alba). Bheachdaich Comataidh Sgrùdaidh na Comhairle air AAR an neach-sgrùdaidh air 25 Sultain 2025 a bharrachd air na cunntasan bliadhnail airson na bliadhna 2023/24. Dh'fhoillsich an neach-sgrùdaidh aithris-àichidh beachd, leis nach b' urrainn dhaibh fiosrachadh sgrùdaidh gu leòr fhaighinn mu na tar-ghnìomhan agus cothromachaidhean taobh a-staigh nan aithrisean ionmhasail. Bha seo mar thoradh air an ionnsaigh-saidhbeir agus call dàta a dh'adhbhraich seo air 7 Samhain 2023, agus mar thoradh air sin cha b' urrainn dhan Chomhairle tòrr den dàta fhaighinn air ais, a' gabhail a-steach clàran ionmhais bunaiteach.

3. Tha mi air co-dhùnadh na cumhachdan aithris a th' agam fo earrann 102 (1) de dh'Achd Riaghaltas Ionadail (Alba) 1973 a chur an sàs gus a' chùis seo, agus freagairt na Comhairle, a thoirt gu aire Coimisean nan Cunntasan.

Cùl-fhiosrachadh

4. Bha ionnsaigh-saidhbeir mhòr air a' Chomhairle san t-Samhain 2023 agus chaidh iomadh siostam agus cùl-stòr a chrioptachadh, a' fàgail nach gabhadh an cleachdadh. Bha seo a' gabhail a-steach siostaman ionmhais ro-chudromach leithid an leabhair-chunntais choitchinn agus clàran cunntasachd co-cheangailte ris. Bha a' bhuaidh shusbainteach, agus bha grunn shiostaman feumach air ath-thogail iomlan air sgàth 's nach robh lethbhreacan-gleidhidh ann.

5. San àm dìreach às dèidh na h-ionnsaigh, chaidh fuasglaidhean sealach a chur an sàs gus dèanamh cinnteach gun rachadh solaraichean agus luchd-obrach a phàigheadh agus gus dèanamh cinnteach gun gabhadh sgrùdadh ionmhais a dhèanamh ann an dòigh air choireigin.

6. Leis cho mòr 's a bha an call dàta, cha robh e comasach cunntasan bliadhnail 2023/24 a chrìochnachadh airson a' chinn-latha de 30 Ògmhios 2024. Chaidh na cunntasan neo-sgrùdaichte fhoillseachadh san Fhaoilleach 2025 agus bha iad stèidhichte air fiosrachadh a fhuaradh bho

dhiofar thùsan. Dh'aidich a' Chomhairle gum biodh beàrnann anns an dàta agus gum faodadh beachd sgrùdaidh atharraichte a bhith ann mar thoradh air seo.

7. Bha goireasan nach bu bheag a dhìth airson ath-slànachadh bhon ionnsaigh-saidhbeir agus chuir seo cuideam mòr air luchd-obrach fad ùine mhòr. Tha e cudromach cur an cèill gu bheil siostaman ann fhathast nach deach ath-thogail gu tur cha mhòr dà bhliadhna às dèidh na h-ionnsaigh.

A' tuigsinn na h-ionnsaigh-saidhbeir

Clàr-ama na h-ionnsaigh-saidhbeir

8. Chaidh ionnsaigh bathar-èirig (*ransomware*) iom-fhillte a thoirt air a' Chomhairle air 7 Samhain 2023 agus cha robh luchd-obrach agus custamairean comasach cothrom fhaighinn air siostaman agus dàta na Comhairle. Bha an luchd-ionnsaigh air bathar-bog droch-rùnach a stàladh às dèidh dhaibh faighinn a-steach dhan t-siostam gun chead. Chaidh buaidh a thoirt air grunn shiostaman agus lethbhreacan-gleidhidh aig a' Chomhairle, a' gabhail a-steach an leabhair-chunntais choitchinn agus clàran cunntasachd eile.

9. Cho luath 's a chaidh an ionnsaigh-saidhbeir a lorg, thòisich a' Chomhairle air na rèiteachaidhean èiginn aca sa bhad. Ghairm i coinneamh den Sgioba Riaghlaidh Chorporra (*Corporate Management Team* - CMT) gus an fhreagairt a cho-òrdanachadh agus chuir iad fios gu Riaghaltas na h-Alba, Ionad Nàiseanta na Tèarainteachd Saidhbeir (*National Cyber Security Centre* - NCSC) agus Ionad Saidhbeir is Foill (*Cyber and Fraud Centre* - CFC).

10. Bha prìomh fhòcas na Comhairle air leantainneachd seirbheisean na loidhne-aghaidh agus a bhith a' conaltradh ri luchd-obrach, luchd-cleachdaidh seirbheis, solaraichean agus leis a' choimhearsnachd ionadail. Chaidh àireamhan fòn sealach a chur air dòigh taobh a-staigh 24 uairean a thide, agus chaidh làrach-lìn eadar-amail a chruthachadh gus am fiosrachadh poblach as cudromaiche a thoirt seachad.

11. Tha geàrr-chunntas de chlàr-ama nan tachartasan cudromach agus de na ceumannan a ghabh a' Chomhairle ri fhaighinn san [Eàrr-ràdh](#).

Bha buaidh na h-ionnsaigh eadar-dhealaichte ann an diofar sheirbheisean, leis a' bhuidh as cudromaiche air seirbheisean ionmhais

12. Bha buaidh na h-ionnsaigh seo air a' Chomhairle luath agus dona. Chaidh na frithealaichean uile a chrioptachadh agus mar sin cha robh e comasach cothrom fhaighinn air prìomh shiostaman na Comhairle agus mar thoradh air sin chaidh an dàta a bha air frithealaichean-fhaidhlichean na Comhairle a chall cha mhòr gu tùr.

13. Bha buaidh air a h-uile siostam, ach a-mhàin siostaman air an neul, gu sònraichte Microsoft 365 air nach robh buaidh idir. Mar thoradh air seo, às dèidh dearbhadh fhaighinn bho ùghdarras tèarainteachd air an taobh a-muigh nach deach briseadh a-staigh air Microsoft 365, ghabhadh post-d, Teams agus SharePoint a chleachdadh. Bha seo ro-chudromach dhan dòigh-obrach aig a' Chomhairle anns na làithean tràtha de bhith a' faighinn seachad air an ionnsaigh, far an deach Teams agus post-d a chleachdadh mar a' phrìomh dhòigh airson fios a chur gu luchd-obrach agus custamairean. Bha fònaichean-làimhe fìor-chudromach cuideachd, le fònaichean a bharrachd air an toirt do luchd-obrach agus àiteachan air an taobh a-muigh, mar eisimpleir, sgoiltean, gus loidhnichean conaltraidh ath-stèidheachadh.

14. Bha buaidh eadar-dhealaichte aig an ionnsaigh-saidhbeir air diofar sheirbheisean aig a' Chomhairle. Cha robh mòran buairidh air an fheadhainn le àrd-ùrlaran a tha stèidhichte air an neul, ged a thug an call dàta air frithealaichean-faidhle agus call sealach air seanailean conaltraidh buaidh orra. Ach bha buaidh mhòr air na seirbheisean a bha an urra ri frithealaichean na Comhairle agus bha a' bhuidhe a bu mhiosa air ionmhas, mar thoradh air crioptachadh agus call air cothrom air an leabhar-cunntais choitcheann agus air clàran cunntasachd ro-chudromach eile. Tha [Ball-Taisbeanaidh 1](#) a' sealltainn nan diofar buaidhean aig an ionnsaigh-saidhbeir ann an diofar sheirbheisean.

Ball-taisbeanaidh 1

Buaidh na h-ionnsaigh-saidhbeir thar diofar sheirbheisean

Seirbheis	Buaidh
Ionmhas ro-innleachdail	B' e a' bhuidhe a bu mhotha air ionmhas nach robh e comasach sùil a chumail air buidseatan agus cosgaisean, ach bha buaidhean mòra ann thar grunn diofar shiostaman: <u>Teachd-a-steach agus sochairean - Capita</u> Bidh siostam IT Capita a' ruith cìs na comhairle, reataichean neo-dhachaigheil agus sochairean. Fhuair teachd-a-steach bho chis na comhairle agus bho reataichean neo-dhachaigheil, ach cha robh e comasach cuidhteasan a cheangal ri custamairean fa leth. Dh'fhaodadh dàil ann am pàigheadh shochairean buaidh mhòr a thoirt air daoine so-leònte san sgìre, agus mar sin dh'obraich a' chomhairle còmhla ri Roinn na h-Obrach is nam Peinnsean gus faidhlichean pàighidh ath-chruthachadh le làimh. Chaidh sochairean sòisealta a thoirt seachad stèidhichte air clàran a bh' ann roimhe, agus ghabh a' Chomhairle

Seirbheis	Buaidh
	ris a' chunnart gum biodh ro-phàighidhean ann agus gun robh cunnart ann gum biodh call subsadaidh ann. 'S ann le siostam nan sochairean a tha an dùbhlann leantainneach as motha, far nach eil dàta gu leòr air fhàgail gus aiseag gu tur. Tha sgioba nan sochairean ann ag ath-thogail an t-siostaim le làimh le bhith a' cur a-steach an dàta dhan t-siostam a-rithist mean air mhean. <u>Leabhar-cunntais coitcheann - cùisean ionmhais an ùghdarrais</u> Mar thoradh air dith siostaim, bha cuidhteasan is phàighidhean an eisimeil pròiseasan làimhe agus òrdughan ceannaich stèidhichte air pàipeir a dh'fheumadh goireasan a bharrachd agus bha dàil mhòr air pàighidhean mar thoradh air seo. <u>HR/Rola-pàighidh</u> Chaidh droch bhuaidh a thoirt air Resourcelink agus mar sin cha robh cothrom air dàta pearsanta sam bith agus mar sin, chaidh stad a chur air fastadh airson greis. A dh'aindeoin a' bhuairidh, chaidh an luchd-obrach a phàigheadh air an uair san t-Samhain, a' cleachdadh dàta tuarastail bhon mhìos roimhe. Aon uair 's gun deach an siostam ath-shlànachadh gu h-iomlan, chaidh atharrachaidhean riatanach a dhèanamh gus am biodh na figearan ceart ann airson uairean a thìde de dh'obair, cosgaisean agus atharrachaidhean eile co-cheangailte ri pàigheadh.
Slàinte is cùram sòisealta	Bha a' mhòr-chuid de na siostaman a bha an sàs stèidhichte air an neul agus mar sin cha robh mòran buaidh ann. Chaidh Plana Leantainneachd Gnìomhachais na Seirbheis a chur an gnìomh sa bhad. B' e an duilgheadas a bu mhotha dh'èirich nach robh siostam fòn ann gus fios a chur gu luchd-cleachdaidh seirbheis.
Stòrasan agus bun-structair	Bha na siostaman a bha an sàs airson nan seirbheisean sin stèidhichte air an neul agus mar sin, cha robh buaidh mhòr sam bith orra.
Foghlam	Bha na siostaman Foghlaim air lìonra eadar-dhealaichte agus mar sin, cha robh mòran buaidh ann. B' iad na prìomh dhuilgheadasan dith siostam fòn gus an gabhadh fios a chur gu luchd-cleachdaidh seirbheis; agus chaidh ruigsinneachd luchd-obrach air Siostam Fiosrachaidh Riaghlaidh Foghlaim Eileagtronaigeach na h-Alba (SEEMIS) a ghearradh dheth airson greis mar cheum dìon.

Seirbheis	Buaidh
Dealbhadh	Cha ghabhadh iarrtasan dealbhaidh a phròiseasadh dìreach às dèidh na h-ionnsaigh agus chaidh gluasad gu iarrtasan làimhe tro làrach-lìn shealach bhon Dùbhlachd 2023.
Bun-sheirbheisean	Cha robh ach buaidh glè bheag orra seo agus b' e an bhuidheas as motha nach gabhadh sùil a chumail air ionmhas. Bha Siostam Riaghlaidh Lùths an Togalaich fhathast ag obair ach chaidh ruigsinneachd air an t-siostam a chall agus b' fheudar dèiligeadh ri cùis sam bith a dh'èirich le làimh air an làraich fhèin.

Tùs: Aithisg air an taobh a-staigh air an ionnsaigh-saidhbeir san t-Samhain 2023 agus na leasan an a chaidh ionnsachadh.

Buaidh na h-ionnsaigh-saidhbeir air riaghladh ionmhais agus sgrùdadh na h-aithisg bhliadhnail agus chunntasan

15. Dh'aithris an neach-sgrùdaidh gun robh siostaman iomchaidh is èifeachdach aig a' Chomhairle airson smachd is aithris ionmhais taobh a-staigh na buidhne mus do thachair an ionnsaigh-saidhbeir. Ach, mar thoradh air an ionnsaigh cha b' urrainn dhan Chomhairle cothrom faighinn air gin de na siostaman ionmhais aice agus chaill i tòrr den dàta aice.

16. Cha b' urrainn dhan Chomhairle teachd-a-steach sam bith a fhuaireadh no pàigheadh sam bith a rinneadh a chlàradh no am maidseadh le fiosrachadh a bh' ann roimhe air na siostaman aice, leithid òrdughan reic is ceannaich. Tha mòran in-smachdan ris a bheil na manaidsearan an urra, leithid irean ùghdarrais, air an togail a-steach do na siostaman ionmhais. Gun na siostaman sin an sàs, chaidh an àrainneachd smachd a lagachadh. Chaidh ullachaidhean ionmhais sealach a chur an sàs gus dèanamh cinnteach gum biodh smachdan iomchaidh ann air ùghdarrachadh caiteachais, leithid a bhith a' pàigheadh luchd-obrach agus solaraichean.

17. Leis gun deach an leabhar-cunntais ionmhais a chall às dèidh na h-ionnsaigh-saidhbeir, cha robh e comasach sùil a chumail air buidseatan teachd-a-steach agus calpa às dèidh na Samhna 2023. Chaidh pròiseasan làimhe ath-chruthachadh, agus chaidh fiosrachadh ionmhais ath-thogail mean air mhean le bhith a' cleachdadh sgrìobhainnean a chaidh a chur tro phost-d, ach cha robh dealbh ionmhais iomlan airson 2023/24 ri fhaighinn gus às dèidh deireadh na bliadhna ionmhais.

18. Chaidh toradh calpa na bliadhna air fad a thaisbeanadh dhan Chomataidh Poileasaidh is Ghoireasan air 25 Sultain 2024, trì mìosan nas anmoiche na an àbhaist. Chaidh toradh teachd-a-steach na bliadhna slàn gu 31 Màrt 2024 a thaisbeanadh do choinneamh na Comhairle air 4 Dùbhlachd 2024, sia mìosan nas anmoiche na an àbhaist.

19. Chaidh dàil a chur air aiseagan dearcnachaidh ionmhais tro 2024/25. Cha deach aithisg sgrùdaidh teachd-a-steach airson na dàrna cairteil (suas gus an t-Sultain 2024) a thoirt dhan Chomataidh Poileasaidh is Ghoireasan gus an Gearran 2025.

Dh'fhoillsich an neach-sgrùdaidh aithris-àichidh beachd air an aithris bhliadhnail is cunntasan

20. Dh'ath-chruthaich an sgioba ionmhais clàran cunntasachd a-rithist le bhith a' cleachdadh cothromachadh deuchainneach a' mìneachadh tar-ghnìomhan agus cothromachaidhean suas gus an Dàmhair 2023 agus chlàraich iad gnothaichean le làimh le bhith a' cleachdadh Excel. Ach, tha cuingealachaidhean mòra an lùib na dòigh-obrach seo, a' gabhail a-steach dìth sgrìobhainnean taice airson an àm ron t-Samhain 2023. Bha seo a' fàgail nach robh an ìre de mhionaideachd ann a bha a dhìth gus iomlanachd, cruinneas agus firinneachd nan gnothaichean ionmhais airson 2023/24 a dhearbhadh.

21. Cha b' urrainn dhan neach-sgrùdaidh fianais sgrùdaidh gu leòr fhaighinn a thaobh nan tar-ghnìomhan agus nan cothromachaidhean taobh a-staigh aithrisean ionmhais 2023/24. Bha an neach-sgrùdaidh den bheachd gun robh a' chùis seo fìor chudromach do na h-aithrisean ionmhais gu h-iomlan agus tha iad air aithris-àicheadh air beachd sgrùdaidh a chur air Cunntasan Bliadhnail na Comhairle airson 2023/24.

22. Thug an ionnsaigh-saidhbeir buaidh cuideachd air beachd an neach-sgrùdaidh ann an 2022/23 agus chaidh dèiligeadh ris mar thachartas às dèidh na duilleig cothromachaidh agus chaidh fhoillseachadh ann an cunntasan 2022/23. Fhuair an neach-sgrùdaidh fianais gu leòr gus taic a chumail ris a' bheachd aca ach chuir iad a-steach 'cuideam air cuspair' gus am foillseachadh a shoilleireachadh. Leis gun do chaill Comhairle nan Eilean Siar cothrom air na siostaman ionmhais aice bhon t-Samhain 2023, dh'aithris an neach-sgrùdaidh air call chlàran cunntasachd mar eisgeachd cuideachd.

23. Thòisich an leabhar-cunntais ag obair san Dàmhair 2024, agus dh'obraich an sgioba ionmhais gus an dàta a chur a-steach a bha a dhìth gus suidheachadh ionmhais na comhairle ath-thogail. Bha oidhirpean cuideachd ag amas air smachdan ionmhais làidir ath-thogail, slighean sgrùdaidh earbsach ath-stèidheachadh, agus a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil an dàta iomlan agus ceart. San àm ri teachd, feumaidh a' Chomhairle oidhirpean mòra a dhèanamh gus iomlanachd nan siostaman agus nan clàran ionmhais aice a thoirt air ais.

24. Gus beachd sgrùdaidh gun cheist fhaighinn, feumaidh a' Chomhairle dearbhadh gun do rinn iad adhartas leantainneach ann an riaghladh ionmhais agus ath-leumachd siostaim.

Bha cosgais nach bu bheag aig an ionnsaigh-saidhbeir

25. Dh'aithris a' Chomhairle gun robh cosgaisean dìreach de mu £0.95 millean ann le £0.3 millean dheth seo air stèidh ath-chuairteach leis gu bheil a' Chomhairle ag amas air 'ath-thogail nas fheàrr'.

26. Dh'aithris a' Chomhairle gun dh'fhuair iad £0.25 millean de mhaoineachadh bho Riaghaltas na h-Alba gus buaidh nan cosgaisean aon-turais a lùghdachadh. Tha a' Chomhairle cuideachd a' dèanamh tagradh àrachais gus na cosgaisean tùsail seo, nach èirigh a rithist a lùghdachadh barrachd.

27. Tha na cosgaisean a chomharraich a' Chomhairle a' buntainn ri caiteachas dìreach a-mhàin, a' gabhail a-steach cosgaisean airson comhairlichean, cosgaisean stèidheachaidh airson seirbheisean neòil, agus cosgaisean leantainneach airson siostaman stèidhichte air an neul.

28. Ach bha cosgaisean neo-dhireach mòra ann cuideachd, gu h-àraidh a thaobh ùine luchd-obrach a chaidh a chaitheamh air oidhirpean ath-shlànachaidh. Mheudaich obair gu mòr nuair a chaidh pròiseasan làimh a thoirt a-steach airson a dhol an àite siostaman fèin-obrachail.

29. Dh'aithris in-sgrùdadh gun robh luchd-obrach fo chuideam mòr, agus gum faodadh an obair agus an cuideam a bharrachd a bhith leantainn air adhart is a' toirt buaidh air obrachaidhean gus an tèid cùisean air ais dhan àbhaist, is dòcha às dèidh mìosan no fiù 's bliadhnaichean.

30. Tha e cudromach gun aithnichear cho mòr 's a bha a' bhuidhe aig àm luchd-obrach a chaidh a chall agus air a' bhuidhe air misneachd am measg luchd-obrach na Comhairle. Ged a rinneadh oidhirp mhòr gus siostaman agus seirbheisean a thoirt air ais, chan eilear air beachdachadh gu h-iomlan fhathast air na cosgaisean bho bhith a' gluasad luchd-obrach air falbh bho na dleastanasan àbhaisteach aca. Chuir seo uallach a bharrachd air sgiobaidhean a bha a' dèiligeadh ri buaidh na h-ionnsaigh-saidhbeir mar-thà.

Mar a fhreagair a' Chomhairle

Dh'àrdaich a' Chomhairle a' chùis gu h-ìomchaidh

31. Mhothaich a' Chomhairle gun robh trioblaid ann air madainn 7 Samhain 2023 agus an toiseach, bhathar an dùil gur e duilgheadas le bathar-bog no bathar-cruaidh a bha ag adhbharachadh buaireadh air feadh na lìonra air frithealaichean agus air seirbheisean fòin. Rinn roinn IT na corporra sgrùdadh air a' chùis 's a bhad agus tràth sa mhadainn, dh'fhàs e soilleir gun deach ionnsaigh bathar-èirig (*ransomware*) a thoirt air a' chomhairle.

32. Chaidh coinneamh èiginneach den CMT a ghairm feasgar agus mar thoradh air nàdar na trioblaid chaidh cuireadh a thoirt do luchd-obrach IT, luchd-obrach ath-leumachd agus dhan cheannard a bhith an làthair. B' e adhbhar na coinneimhe tuigse fhaighinn air an ìre 's gun deach buaidh a thoirt air siostaman agus a' bhuaidh a bha seo a' toirt air seirbheisean air feadh na Comhairle. Bha prìomh oifigearan agus ceannardan seirbheis an làthair aig a' choinneimh gus an deasbad seo fhiosrachadh.

33. Tha geàrr-chunntas air an obair a rinn sgioba an IT dìreach às dèidh dhaibh an ionnsaigh-saidhbeir a lorg san [Eàrr-ràdh](#). Bha seo a' gabhail a-steach àrdachadh gu Riaghaltas na h-Alba, NCSC agus CFC.

Chuir a' Chomhairle rèiteachaidhean riaghlaidh an sàs a rèir a' phlana leantainneachd gnìomhachais chorporra

34. San àm dìreach às dèidh na h-ionnsaigh-saidhbeir, bha prìomh fhòcas na Comhairle air leantainneachd seirbheisean na loidhne-aghaidh agus air a bhith a' conaltradh le luchd-obrach, luchd-cleachdaidh seirbheis, solaraichean agus leis a' choimhearsnachd ionadail.

35. Choinnich an CMT suas ri dà thuras san latha gus measadh a dhèanamh air an t-suidheachadh agus gus prìomhachas a thoirt do ghnìomhan ath-shlànachaidh gus an rachadh Sgioba Riaghlaidh Thachartasan (*Incident Management Team* - IMT) a stèidheachadh. Chùm an CMT air a' gabhail a-steach oifigearan buntainneach bho IT, Ath-Leumachd, agus Conaltradh agus chuir iad fòcas air dùbhlain seirbheis, ùrachaidhean air sgèile na h-ionnsaigh agus adhartas le ath-shlànachadh.

36. Chaidh an IMT a stèidheachadh gu foirmeil air 20 Samhain, agus chaidh a' chiad choinneamh aige a chumail air 21 Samhain, dà sheachdain às dèidh na h-ionnsaigh. Chaidh cruth agus prìomhachasan IMT a shuidheachadh leis an CMT: bhiodh iad ag obair mar a' phrìomh

bhuidheann a bhiodh a' stiùireadh a' phròiseis ath-bheothachaidh, le ceadan a bha a dhìth a' tighinn bhon CMT.

37. Chruthaich an IMT matraigs pròifil cunnairt agus clàr prìomhachais, agus ann an còmhraidh le roinnean chruthaich iad sgòp airson ath-shlànachadh a bha ag amas air dèanamh cinnteach gun gabhadh gnothaichean làitheil a thoirt air ais gu làn-ghnìomhachd cho luath 's a ghabhadh. Chuir e fòcas air a bhith a' pàigheadh luchd-obrach agus solaraichean an tòiseach, leis nach robh mòran fiosrachaidh fhathast ann mu na pròiseasan ath-shlànachaidh siostaim air sgàth 's nach robh e comasach na lethbhreacan gleidhidh inntrigeadh no ath-shlànachadh aig an ionad ath-shlànachaidh bho mhòr-thubaistean .

38. Le tìde, dh'fhàs coinneamhan IMT na b' ainneimhe, a' gluasad gu bhith mìosail bhon Ògmhios 2024 nuair a chaidh gnìomhan ath-shlànachaidh a chur an gnìomh. Thàinig obair an IMT gu crìch san t-Samhain 2024, agus chaidh an obair shiostaman a bha air fhàgail a thoirt do sheirbheisean fa leth. Anns a' Ghiblean 2025, dh'aithris a' Chomhairle gun robh na siostaman IT uile air an tug an ionnsaigh-saidhbear buaidh a-nis ag obair mar as còir. Ach, tha càrn obrach ann ri dhèanamh leis gum feumadh an dàta ath-thogail, agus tha sin an urra ris na seirbheisean fa leth.

39. Tha ceuman gus seasmhachd agus tèarainteachd saidhbear na Comhairle neartachadh a' leantainn agus tha a' Chomataidh Sgrùdaidh gan sgrùdadh.

Chleachd a' Chomhairle fuasglaidhean eadar-amail gus dèanamh cinnteach gum biodh leantainneachd seirbheis ann

40. Chomharraich am Plana Leantainneachd Gnìomhachais Corporra, a chaidh aontachadh san Ògmhios 2023, gun robh feum air freagairt cho-òrdanaichte do thachartasan. Ged a bha freagairt èifeachdach aig an CMT dìreach às dèidh na h-ionnsaigh-saidhbeir, bha cur an gnìomh a' phlana neo-chunbhalach thar diofar roinnean.

41. Ann an iomadh suidheachadh, cha deach Planaichean Leantainneachd Gnìomhachais a chleachdadh, a chionn 's gun robh sgèile na h-ionnsaigh tòrr na bu mhotha na na suidheachaidhean ris an robh dùil. Far an deach Planaichean Leantainneachd Gnìomhachais a chur an sàs, bha iad nam frèamaichean feumail, ach bha feum air dòigh-obrach phragmataigeach gu tric gus seirbheisean riatanach a chumail a' dol.

42. Bha ath-bheothachadh shiostaman nach robh stèidhichte air an neul iom-fhillte agus bha e a' crochadh gu mòr air eòlas na sgioba IT, an IMT, agus taic bho sholaraichean bathar-bog. Bha am feum air tuigse air na h-eadar-eisimeileachdan eadar siostaman a' fàgail gun robh cùisean na bu thoinnte, agus thug e ùine mhòr dèanamh cinnteach gun robh sruthadh dàta ceart eadar seirbheisean.

43. Bha an siostaman pàighidh is HR air aon de na siostaman as cudromaiche air an deach buaidh a thoirt. Thòisich oidhirpean ath-shlànachaidh sa bhad, le sgioba taic IT a' comasachadh ath-thogail air beulaibh an fhrithealaiche-lìn Chaidh pròiseasan a chur an sàs gus pàigheadh a thoirt seachad ro dheireadh na Samhna, agus chaidh ghnìomhachd an t-siostaim a thoirt air ais ro mheadhan na Dùbhlachd.

44. Thog call iomlan siostam ionmhais an Ùghdarrais draghan am measg sholaraichean mu chomas na Comhairle gus pàighidhean a dhèanamh. Bha obair mhòr mu choinneamh luchd-obrach an ionmhais gus fuasglaidhean làimhe a chruthachadh gus an leanadh pàighidhean agus gus dhèanamh cinnteach gun gabhadh dàta a chur air ais dhan leabhar-cunntais nas fhaide air adhart nuair a bhiodh e ag obrachadh a-rithist.

45. Chuir na draghan air solaraichean agus an t-àrdachadh mòr ann an ceistean bho chustamairean cuideam mòr air luchd-obrach. Chaidh duilleagan mu Cheistean Cumanta a chur ris an làraich-lìn shealaich gus cuideachadh le bhith a' dèiligeadh ri ceistean, ach bha meud nam post-d agus nan iarrtasan mòr. Dh'aithris a' Chomhairle gun robh buaidh follaiseach aig seo air streas agus misneachd an luchd-obrach, ged nach deach measadh foirmeil a dhèanamh air seo.

Rinneadh conaltradh le buidhnean air an taobh a-muigh agus rinn iad co-dhùnaidhean

46. Air latha na h-ionnsaigh-saidhbeir, chuir a' Chomhairle fios gu Riaghaltas na h-Alba, NCSC agus CFC gus comhairle fhaighinn. Chaidh fios a chur gu Oifis Coimiseanair an Fhiosrachaidh (ICO) air 9 Samhain mun ionnsaigh-saidhbeir a thaobh a' chunnairt gum biodh call dàta ann agus chaidh a dhearbhadh sa Chèitean 2024 nach rachadh gnìomh riaghlaidh sam bith a ghabhail.

47. Goirid às dèidh na h-ionnsaigh, chaidh innse dhan CMT mun taic treas-phàrtaidh a bha iad a' faighinn agus chaidh gnìomhan a ghabhail stèidhichte air comhairle bhon NCSC, me chaidh am fiosrachadh do na meadhanan air an taobh a-muigh a chuingealachadh leis gum biodh e comasach do luchd-ionnsaigh measadh a dhèanamh air a' mhilleadh a chaidh adhbharachadh agus sealladh fhaighinn air an obair ath-shlànachaidh.

48. Chaidh Buidheann NCC, luchd-sgrùdaidh saidhbear-thèarainteachd foireansach sònraichte, fhasadh ann an com-pàirteachas le Riaghaltas na h-Alba gus sgrùdadh neo-eisimeileach a dhèanamh air an lìonra aca gus na leanas a dhearbhadh:

- Dè thachair?
- Dè cho farsaing a bha an tachartas?
- Dè am prìomh adhbhar airson an tachartais?

- Dè an dàta a chaidh faighinn thuige no a ghoid?

49. Dh'aithris an rannsachadh neo-eisimeileach nach deach fianais sam a lorg gun robh briseadh tèarainteachd ann a thaobh mar a chaidh lionra na Comhairle inntrigeadh. Mar sin chan eil fios fhathast dè dìreach a dh'adhbhraich an ionnsaigh. Chomharraich an t-ath-sgrùdadh naoi cothroman gus piseach a thoirt air tèarainteachd, agus chaidh sia dhiubh sin a chur an gnìomh gu h-iomlan. Tha dithis eile gan deuchainn aig an àm seo agus thathar a' beachdachadh air a' mholadh mu dheireadh.

50. Bha an t-ath-sgrùdadh fòcasaichte agus ag amas air an ionnsaigh-saidhbeir shònraichte seach air na poileasaidhean agus na modhan-obrach san fharsaingeachd. Rinn sgioba in-sgrùdaidh na Comhairle ath-sgrùdadh nas fharsainge air na leasan a chaidh ionnsachadh mar a chaidh aithris ann am paragraf 54.

Rinn a' Chomhairle adhartas a thaobh a' phlana ath-shlànachaidh aice

51. Chuir a' Chomhairle prìomhachas air ath-thogail a' bhun-structair IT air feadh nan seirbheisean, a rèir plana a' phròiseict a chruthaich IMT. Bha fòcas a' phlana seo air fuasglaidhean eadar-amail, ag ath-thogail bun-structair IT agus seirbheisean taic le leasachadh agus sgaoileadh a-mach siostaman IT.

52. B' e amas na Comhairle a bhith 'ag ath-thogail nas fheàrr' agus mar sin chaidh barrachd seasmhachd saidhbeir a chuir a-steach do gach siostam air feadh lionra na Comhairle.

53. Chaidh ùrachadh a thoirt dhan Chomataidh Poileasaidh is Goireasan sa Ghiblean 2025, a' dearbhadh gu bheil na siostaman IT uile air an tug an ionnsaigh-saidhbeir buaidh a-nis ag obair. Tha seirbheisean a' cumail orra a' cur dàta a-steach do na siostaman IT ùra agus tha iad cuideachd ag obair tro chàrn-obrach mòr de ghnìomhan. Tha seo follaiseach gu sònraichte ann an seirbheisean teachd-a-steach agus shochairan agus seirbheisean dealbhaidh, far a bheil buaidh fhathast aig a' bhuaireadh. Ann an teachd-a-steach agus sochairan, tha luchd-obrach ag obair gu gnìomhach gus an siostam ath-lìonadh le dàta eachdraidheil agus làithreach, agus tha seo a' cur cuideam leantainneach air sgiobaidhean. Thathar an dùil gun lean an obair ath-shlànachaidh seo tro 2025/26.

Leasan an a chaidh ionnsachadh

Fhuair lèirmheasan sgrùdaidh a-mach gun robh grunn raointean ann far an gabhadh tèarainteachd-saidhbeir a neartachadh

54. Dh'iarr a' Chomhairle gun dèanadh in-sgrùdadh measadh air freagairt na Comhairle dhan ionnsaigh-saidhbeir. Rinn an aithisg a thàinig às a sin measadh air èifeachdas gnìomhan na Comhairle rè agus às dèidh na h-ionnsaigh, a' gabhail a-steach mar a chaidh pròiseasan agus smachdan ùra a chur an gnìomh. Mheòraich i cuideachd air leasan an a chaidh ionnsachadh tron ìre ath-shlànachaidh agus thug i seachad molaidhean a tha ag amas air a' chunnart bho thachartasan saidhbeir san àm ri teachd a lùghdachadh.

Deisealachd na Comhairle

55. Sa mhòr-chuid, bha na leasan an a chaidh ionnsachadh a' buntainn ri ullachadh na Comhairle airson ionnsaigh-saidhbeir agus seasmhachd nan siostaman IT bunaiteach aice, seach ris an fhreagairt sa bhad dhan tachartas.

56. Chomharraich an dà chuid Sgrùdadh Alba agus In-sgrùdadh cùisean a bha air nochdadh uair is uair anns na lèirmheasan fa leth aca air seasmhachd saidhbear agus rèiteachaidhean IT na Comhairle. Thog Sgrùdadh Alba draghan anns na h-aithisgean sgrùdaidh bliadhnail aca airson 2021/22 agus 2022/23, agus chaidh mòran dhiubh sin ath-aithris anns an aithisg air an taobh a-staigh mu leasan an a chaidh ionnsachadh às dèidh na h-ionnsaigh-saidhbeir. Tha cuspairean sa chumantas aig co-dhùnaidhean nan aiseagan seo, gu h-àraidh a thaobh laigsean ann am bun-structar IT, deisealachd, agus comas-lìbhrigidh luchd-obrach. Tha na cuspairean seo air am mìneachadh gu h-ìosal:

- **Bun-structar IT agus seasmhachd saidhbeir:** bha mòran de shiostaman na Comhairle air an cumail gu h-ionadail agus mar sin bha iad na bu sho-leònte na siostaman stèidhichte air an neul. Cha robh lethbhreacan-gleidhidh a bha gan stòradh air an ionad ath-shlànachadh bho mhòr-thubaistean làidir gu leòr gus buaidh na h-ionnsaigh a lùghdachadh. Ach, cho-dhùin in-sgrùdadh, ged a bha laigsean soilleir ann, gun robh an siostam a bha an sàs air a mheas iomchaidh aig an àm, stèidhichte air lèirmheasan IT a rinneadh roimhe agus air fios-air-ais bhon NCSC.
- **Deuchainnean agus ullachadh:** chaidh eacarsaichean ath-shlànachadh saidhbear is mòr-thubaistean (a' gabhail a-steach

deuchainnean-inntrigidh) a dhèanamh air stèidh ad hoc agus cha deach an cumail bho chionn ghoirid. Bha an sgrùdadh slàinte IT air dheireadh agus bha teisteanas Lìonra na Roinne Poblach (PSN) air tighinn gu crìch airson 2022/23 agus cha robh e air ùrachadh aig an ìre sin. Cha robh Plana Freagairt Tachartais-saidhbeir agus Plana Ath-shlànachaidh bho Mhòr-thubaistean air an crìochnachadh agus cha robh iad air an aontachadh le buill.

- **Trèanadh agus comas-libhrigidh luchd-obrach:** Bha 30 sa cheud de dhreuchdan na sgioba IT (5 à 17 dreuchdan) bàn aig àm na h-ionnsaigh (a' gabhail a-steach àrd-anailisiche siostaman) agus bha buaidh mhòr aig sin air a bhith a' toirt air adhart planaichean is ghnìomhachdan ath-shlànachaidh às dèidh mòr-thubaistean agus seasmhachd saidhbeir. Cha robh trèanadh tèarainteachd fiosrachaidh luchd-obrach air a chumail suas air a' chuairt dà-bhliadhna a thathar a' moladh, agus cha robh ìrean com-pàirteachaidh air an sgrùdadh gu leòr.

57. A bharrachd air na chaidh aithris gu h-àrd, chomharraich aithisg Sgrùdaidh Alba ann an 2023/24 gun robh duilgheadasan ann leis na h-ullachaidhean airson riaghlaidh chunnartan.

- Tha Clàr-chunnartan Stòrasan agus Bun-structair a' gabhail a-steach cunnartan IT agus saidhbear-thèarainteachd agus tha grunn chunnartan 'àrda' no 'anabarrach' ann. Tha fiosrachadh cudromach a dhìth ann an cruth a' chlàir seo, leithid clàran-ama agus oifigearan cunntachail gus 'Gnìomhan Cunnairt' sam bith a chrìochnachadh. Tha colbh nam 'Fuasglaidhean' sa chlàr bàn no tha gnìomhan mì-shoilleir ann gun chlàran-ama. Tha an clàr air a chleachdadh mar loga air an taobh a-staigh airson na roinn IT, seach a bhith air a mheas le comataidh riaghlaidh ainmichte gus ath-sgrùdadh agus dùbhlann gu leòr a thoirt seachad air na cunnartan agus air iomchaidheachd nan ceuman lasachaidh. Cha robh uallach comataidh soilleir ann gus sùil a chumail air riosgan IT.

58. Cho-dhùin an dà chuid Sgrùdadh Alba agus in-sgrùdadh nach urrainnear a bhith cinnteach am biodh an ionnsaigh-saidhbeir air a seachnadh nan robhar air dèiligeadh ris na laigsean smachd, leis gu bheil ionnsaighean-saidhbeir air a bhith air buidhnean le rèiteachaidhean saidhbear-thèarainteachd nas treasa. Cho-dhùin in-sgrùdadh gun robh bun-structair IT na Comhairle iomchaidh taobh a-staigh nan stòrasan a bha rim faighinn ach ghabh iad ris gun ghabhadh a leasachadh, agus ghabh iad ris cuideachd gum biodh iarrtas foirmeil airson goireasan a bharrachd a dhìth airson seo.

Freagairt na Comhairle

59. Cho-dhùin an t-ath-sgrùdadh gun robh freagairt thùsail na comhairle dhan ionnsaigh-saidhbeir luath agus gun robh i air a stiùireadh leis an sgioba ceannais. Cha do lorg in-sgrùdadh laigsean mòra sam bith san fhreagairt, ach chaidh dà raon leasachaidh a chomharrachadh.

60. An tòiseach, ged a tha am Plana Leantainneachd Gnothaich na fhrèam fheumail airson an CMT, chaidh a chur an gnìomh gu neo-chunbhalach thar diofar roinnean. Mhol in-sgrùdadh gum bu chòir an teamplaid corporra a chleachdadh gu cunbhalach thar gach seirbheis san àm ri teachd, le planaichean aig diofar roinnean a' toirt taic do dha' oidhirpean leantainneachd gnìomhachais nas fharsainghe.

61. San dàrna àite, cha robh ro-innleachd conaltraidh fhoirmeil ann airson gnothaichean co-cheangailte ri mòr-thubaistean. Ged a bha conaltradh air an taobh a-muigh cunbhalach agus le fòcas air a bhith a' toirt misneachd dhan phoball agus do chleachdaichean seirbheis, dh'fheumadh an luchd-obrach tòrr a bharrachd obair a dhèanamh gus seo a thoirt seachad. Cha robh conaltradh air an taobh a-staigh a cheart cho cunbhalach, a' sealltainn gun robh feum air dòigh-obrach nas structaraichte a thaobh a bhith a' cumail an fhiosrachaidh as ùire do luchd-obrach.

Tha a' Chomhairle air freagairt ris na molaidhean sna h-aithisgean ach tha gnìomhan rin coileanadh fhathast

62. Bha deich molaidhean san aithisg in-sgrùdaidh do mhanaidsearan agus thathar air sùil a chumail orra tro aithris ràitheil dhan Chomataidh Sgrùdaidh.

63. Anns an t-Sultain 2025, chaidh aithris gun deach 50 sa cheud de na molaidhean a chur an gnìomh gu h-iomlan agus gun robh an 50 sa cheud eile air an cur an gnìomh gu ìre agus gun robh feum air barrachd obrach gus amas a' mholaidh a choileanadh. Tha na raointean as cudromaiche a tha fhathast rin coileanadh mar a leanas:

- làn-bhuileachadh de phrògraman trèanaidh luchd-obrach agus obair a' leantainn air seo dhan fheadhainn a dh'fhàilig ann an eacarsaichean fiasgaich.
- a' dèanamh deuchainnean air a' Phlana Freagairt Tachartais-saidhbeir, Plana Ath-shlànachadh bho Mhòr-thubaistean, agus Plana Leantainneachd Gnìomhachais.
- làn-ghèilleadh ri prionnsapalan tèarainteachd-saidhbeir NCSC a thaobh modhan-obrach airson riaghladh chunnartan.

64. Nithear molaidhean sgrùdaidh gus piseach a thoirt air modhan riaghlaidh agus gus buidhnean poblach a chuideachadh gus stòrasan poblach a dhion. Tha sinn air toirt fa-near bho na h-aiseagan sgrùdaidh nach robh clàr-ama aontaichte ann gus na molaidhean a chur an gnìomh.

65. Tha e ro-chudromach gum bi clàran-ama ciallach, a ghabhas a choileanadh ann nuair a thèid gabhail ri molaidhean às dèidh obair sgrùdaidh. Nì seo cinnteach gu bheil cunntachalachd shoilleir ann airson libhrigeadh agus nì e cinnteach gun cumar sùil air adhartas ann an dòigh èifeachdach. Ma tha cinn-latha ro àrd-amasach ann, dh'fhaodadh seo

misneachd sa phròiseas a lagachadh no dàil a chur air gnìomhachadh no fàgail gum bi gnìomhachd neo-iomlan ann. Le bhith a' suidheachadh chlàran-ama practaigeach, tha seirbheisean ann an suidheachadh nas fheàrr gus goireasan a phlanadh, gus prìomhachas a chur air ghnìomhan, agus gus leasachaidhean a leabachadh ann an dòigh sheasmhach. Tha seo cuideachd a' cumail taic ri aithris fhollaiseach do dh'àrd-mhanaidsearan agus buidhnean riaghlaidh, a' neartachadh dealas na Comhairle a thaobh leasachadh leantainneach agus lùghdachadh chunnartan.

Cho-dhùin ath-sgrùdadh eile bhon taobh a-muigh gu bheil prìomh smachdan an sàs agus ag obair gu h-èifeachdach san fharsaingeachd

66. Dh'iarr a' Chomhairle air roinn In-sgrùdaidh Comhairle Baile Ghlaschu ath-sgrùdadh a dhèanamh air na gnìomhan a ghabh a' Chomhairle gus an suidheachadh tèarainteachd agus an t-seasmhachd IT aca a leasachadh.

67. Cho-dhùin an sgrùdadh gum faodar ìre reusanta de dhearbhadh a chur anns an àrainneachd smachd agus gu bheil prìomh smachdan an sàs agus gu bheil iad ag obair gu h-èifeachdach.

68. Chomharraich an sgrùdadh raointean leasachaidh anns na h-ullachaidh làithreach agus rinn e aon mholadh le àrd-phrìomhachas agus ceithir molaidhean le prìomhachas meadhanach.

69. Tha am moladh le àrd-phrìomhachas mu bhith a' cur chlàran-ama foirmeil air dòigh airson riaghladh so-leòntachd. Ged a nithear ionnsaigh-saidhbeir mas fhìor mar phàirt den sgrùdadh slàinte IT PSN tha sganadh so-leòntachd eile air a dhèanamh air stèidh ad hoc agus chan eil clàr-ama clàraichte ann. A bharrachd air seo, chan eilear a' clàradh nan amannan airson a bhith a' cur phaidsean èiginneach ùra an sàs taobh a-muigh cuairt àbhaisteach nam paidsean. Tha na beàrran sin a' cur ris a' chunnart nach tèid so-leòntachd aithneachadh no nach dèiligear rithe gu sgiobalta.

70. Tha an luchd-stiùiridh air gabhail ris na molaidhean uile agus tha iad air plana gnìomh mionaideach a chruthachadh gus dèiligeadh riutha. Tha na molaidhean seo a rèir nam molaidhean a tha air am mìneachadh ann am paragraf 56 agus a' sealltainn gu bheil obair a' dol air adhart gus dèiligeadh ri cùisean a chaidh a thogail ann an aithisgean sgrùdaidh roimhe.

71. Ged a tha an obair a' leantainn, tha leasachaidhean a chaidh aithris le sgioba In-sgrùdaidh Comhairle Baile Ghlaschu a' dearbhadh gun deach adhartas a dhèanamh leis na gnìomhan a chaidh a mhìneachadh ann an aithisgean Sgrùdadh Alba 2021/22 agus 2022/23. Am measg an adhartais, tha:

- **Bun-structar IT agus seasmhachd saidhbeir:** Chaidh pròiseasan airson lethbhreacan-gleidhidh a leasachadh tro bhith a' cleachdadh fhuasglaidhean neo-atharrachail ionadail agus stèidhichte air an

neul, le deuchainnean ath-shlànachaidh mìosail a-nis a' dol air adhart. Ach chan eil a' Chomhairle air siostam gleidhidh neo-cheangailte le balla adhair a chur an gnìomh fhathast, rud a bhiodh gu tur dealaichte bhon lìonra agus a neartaicheadh seasmhachd saidhbear.

- **Deuchainnean agus ullachadh:** chaidh plana freagairt airson tachartasan saidhbeir agus plana ath-shlànachaidh às dèidh mòr-thubaist a chur fa chomhair na Comataidh Sgrùdaidh san t-Sultain 2025. Cha deach rèiteachaidhean deuchainn foirmeil a stèidheachadh fhathast, ge-tà.
- **Trèanadh agus comas luchd-obrach:** ged a chaidh trèanadh iomchaidh ann an tèarainteachd fiosrachaidh a chur air dòigh, chan eilear a' sgrùdadh nan ìrean coileanaidh aig an àm seo. A bharrachd air seo, cha deach clàr-ama mionaideach gus an trèanadh ùrachadh air a chur an sàs fhathast.

72. Ged nach deach iomradh a thoirt air seo san an ath-sgrùdadh bhon taobh a-muigh, dh'aithris sinn san AAR againn airson 2023/24 gun do chuir a' Chomhairle na molaidhean againn a thaobh chlàran-chunnartan an gnìomh gu ìre. Tha oifigear ainmichte cunntachail ann a-nis airson gach cunnart. Ach, tha na gnìomhan co-cheangailte fhathast aig ìre àrd agus chan eil cinn-latha sònraichte ann gus an crìochnachadh.

Co-dhùnadh

73. Bha an ionnsaigh-saidhbeir a chaidh a thoirt air siostaman na Comhairle air 7 Samhain 2023 air leth soifhistaigeach agus tha buaidh mhòr fhathast aice air a h-obair.

74. Dh'aithris an dà chuid an neach-sgrùdaidh agus na lèirmheasan neo-eisimeileach a chaidh a choimiseanadh gun robh beàrnan aig a' bhuidhinn anns na h-ullachaidhean aca a thaobh tèarainteachd-saidhbeir, leantainneachd gnìomhachais agus ath-shlànachadh bho mhòr-thubaistean. Chan urrainnear a bhith cinnteach am biodh àrainneachd smachd nas treasa air stad a chur air an ionnsaigh-saidhbeir, ach, dh'fhaodadh smachdan nas treasa a bhith air cuideachadh gus a bhuaidh a lùghdachadh no gus piseach a thoirt air astar lorg agus freagairt.

75. Chaidh tuairmse a thoirt air buaidh ionmhais an tachartais seo ach chan eil e a' gabhail a-steach an uallaich ùine mhòr a bha air luchd-obrach agus leanaidh na buaidhean air a' Chomhairle airson greis fhathast. Ged a chaidh adhartas mòr a dhèanamh, chan eil cuid de phrìomh shiostaman air an ath-thogail fhathast, leithid siostaman shochairan taigheadais, cìs na comhairle agus reataichean neo-dhachaigheil. Thathar ag aithneachadh gu bheil tòrr mòr dàta anns na siostaman seo agus gun toir e ùine a bhith ag ath-thogail seo.

76. Chomharraich na lèirmheasan sgrùdaidh grunn mholaidhean agus tha luchd-stiùiridh na Comhairle air gabhail riutha. Thathar a' moladh gum beachdaich buidhnean san roinn phoblaich air na co-dhùnidhean a tha air am mìneachadh gu h-ìosal agus gun ionnsaichear leasan bho na dh'fhiosraich a' Chomhairle:

- Bun-structair IT: tha barrachd cunnart bho ionnsaighean-saidhbeir air siostaman a tha air an cumail gu h-ionadail. Bu chòir do bhuidhnean ath-sgrùdadh a dhèanamh air a' bhun-structair aca gus dèanamh cinnteach gu bheil e seasmhach agus a rèir inbhean aithnichte airson faighinn seachad air mòr-thubaistean.
- Ullachadh agus deuchainnean: bu chòir deuchainnean saidhbeir agus eacarsaichean ath-shlànachadh às dèidh mòr-thubaistean a dhèanamh gu cunbhalach. Bu chòir planaichean freagairt thachartasan a bhith air an aontachadh gu foirmeil agus bu chòir deuchainn a dhèanamh orra gu cunbhalach gus dèanamh cinnteach gu bheil iad freagarrach.
- Trèanadh luchd-obrach: bu chòir tèarainteachd fiosrachaidh a thoirt do luchd-obrach gu cunbhalach, le sùil ghnìomhach air ìrean

frithealaidh gus dèanamh cinnteach gun dèanar e air feadh na buidhne.

- Comas-libhrigidh an sgioba IT: feumar comas agus comas-libhrigidh a stiùireadh gus dèanamh cinnteach gun urrainn dhaibh gnothaichean ath-leumachd saidhbeir a libhrigeadh gu h-èifeachdach agus planaichean ath-shlànachaidh a chumail suas.

77. Tha an tachartas seo a' sealltainn cho cudromach 's a tha dìonan tèarainteachd saidhbeir làidir. Chan urrainn do bhuidheann sam bith an cunnart bho ionnsaigh-saidhbeir a tha a' sìor fhàs nas iom-fhillte a lasachadh gu tur ach tha e deatamach gum bi buidhnean ullaichte.

Eàrr-ràdh

Clàr-ama nam prìomh thachartasan

Ceann-latha	Tachartas
7 Samhain 2023 - madainn	- Tha logaichean gnìomhachd a’ sealltainn gun do thòisich frithealaichean a dhol far-loidhne eadar 3m agus 5m às dèidh gnìomhachd amharasach, agus às dèidh seo chaidh am frithealaiche anns an robh na logaichean gnìomhachd a thoirt far-loidhne leis an luchd-ionnsaigh. - Mhothaich a’ Chomhairle gun robh duilgheadas ann a bha a’ cruthachadh thrioblaidean le frithealaichean agus leis an lìonra fòn air feadh an lìonra. Bhathar den bheachd an toiseach gur e duilgheadas teicnigeach no le bathair-bog a bh’ ann agus rinn an sgioba IT corporra rannsachadh air. - Chaidh fios a chur gu seirbheisean taic aig solaraiche a’ bhathar-chruaidh gus obrachadh a-mach carson a bha duilgheadas sam bith a’ tachairt. - Dh’fhàs e soilleir tràth sa mhadainn gun deach ionnsaigh bathair-èirig a thoirt air a Chomhairle a bha air stad a chur air siostaman agus a bha air cur bacadh air inntrigeadh. Mu dheireadh, chaidh an dàta air fad a bha air a chumail air frithealaichean a chrioptachadh.
7 Samhain 2023 - meadhan-latha	Fhuaras iarrtas bathair-èirig, agus e ag ràdh gun rachadh an dàta a dhì-chrioptachadh no gun rachadh casg a chur air aoidion dàta nan rachadh an èirig a phàigheadh.

Ceann-latha	Tachartas
7 Samhain 2023 - feasgar	• Chaidh an t-eadar-lìon a dhì-cheangal mar cheum dìon. • Chaidh coinneamh èiginneach den CMT a ghairm. Chaidh an làthaireachd a leudachadh gus am biodh luchd-obrach IT, luchd-obrach ath-leumachd agus an stiùiriche a' gabhail pàirt. Choimhead a' choinneamh air duilgheadasan leis an t-seirbheis, cur an gnìomh Planaichean Leantainneachd Gnothaich, ceuman eadar-amail gus taic a chumail ri luchd-obrach agus molaidhean a thaobh conaltradh le luchd-ùidh. • Thòisich obair gus na frithealaichean a chur air iomall ro 1:50f agus chaidh an t-ionad ath-shlànachaidh bho mhòr-thubaist aig Ospadal nan Eilean Siar a chur air iomall le làimh ro 2:50f. • Chaidh fios a chur dhan NCSC gus aithris a dhèanamh air an ionnsaigh-saidhbeir, agus goirid às dèidh làimh chaidh fios a chur dhan CFC agus an uair sin do Riaghaltas na h-Alba. • Dh'fhàs e follaiseach gun robh an luchd-ionnsaigh-saidhbeir air cunntas neach-obrach a chleachdadh agus gun robh iad air a' chunntas seo a chur ris na liostaichean sgaoilidh gus a' bhuidheann as motha a thoirt. Chaidh am pròifil puist-d agus an cunntas cleachdaiche a chur à comas cho luath 's a chaidh seo a lorg.
7 Samhain 2023 - feasgar	• Cho-òrdanaich Riaghaltas na h-Alba coinneamh èiginn ioma-bhuidhne anns an robh Riaghaltas na h-Alba, NCSC, Ath-leumachd Ùghdarrasan Ionadail (<i>Local Authority Resilience</i>) agus Buidheann NCC an sàs. Chaidh a' choinneamh seo a chumail aig 7:30f air 7 Samhain agus thòisich seo an làn phròiseas de thaic is cobhair airson na h-ionnsaigh.

Ceann-latha	Tachartas
8-20 Samhain 2023	- Eadar 7 agus 16 Samhain, lean CMT gach latha le riathanasan gus coinneachadh dà uair san latha far an robh feum air sin. B' e seo a' chiad sgioba freagairt èiginn agus chaidh a leudachadh gus oifigearan buntainneach bho IT, Ath-leumachd, agus Conaltradh a thoirt a-steach. - Rinn ùghdarras tèarainteachd bhon taobh a-muigh measadh air siostam puist-d na Comhairle agus dhearbhaich iad nach deach briseadh a-steach air, agus mar sin b' urrainnear Teams agus post-d a chleachdadh gus fios a chur gu luchd-obrach agus custamairean. - Chaidh bathar-bog tèarainteachd sònraichte Carbon Black (inneal EDS) a stàladh air a h-uile laptop aig luchd-obrach agus air innealan eile den leithid air 9 Samhain. - Chaidh fios a chur gu Buidheann NCC airson taic tachartais air 9 Samhain. - Chaidh fios a chur gu Oifis Coimiseanair an Fhiosrachaidh air 9 Samhain mun ionnsaigh-saidhbeiar agus mun chall dàta a dh'fhaodadh a bhith ann. - Chaidh dearbhadh ioma-fhactair (<i>Multi-factor Authentication - MFA</i>) a neartachadh air 10 Samhain mar cheum tèarainteachd a bharrachd agus dòigh smachd a thaobh cò a dh'fhaodadh PCan agus laptopan na Comhairle a chleachdadh. - Cha ceangailteachd a thoirt air adhart gu ìre tro bhith a' cleachdadh dhongailean eadar-lìn agus 4/5G air fònaichean-làimh air an làraich Dh'fhaodadh luchd-obrach obrachadh aig an taigh rè na h-ùine seo cuideachd. - Chaidh làrach-lìn shealach na Comhairle beò air 14 Samhain gus fiosrachadh a sgaoileadh dhan phoball. - Chaidh dleastanasan agus raon-ùghdarrais an IMT aontachadh air 16 Sultain.
21 Samhain 2023	Chaidh an IMT a stèidheachadh gu foirmeil air 20 Samhain, agus chaidh a' chiad choinneamh aige a chumail air 21 Samhain. Chaidh bun-reachd agus prìomhachasan IMT a stèidheachadh leis an CMT. Seo a' phrìomh bhuidheann a bhiodh a' stiùireadh a' phròiseis ath-shlànachaidh agus bhiodh i a' coinneachadh dà thuras san t-seachdain.
Samhain 2023 - Dàmhair 2024	- Tha an IMT a' leantainn air adhart a' co-òrdanachadh a' phrògram ath-shlànachaidh le fòcas air siostaman agus pròiseasan a tha deatamach do ghnìomhachas. - Fhuair aithisg Buidheann NCC air an ionnsaigh-saidhbeir sa Ghiblean 2024 agus bha naoi molaidhean leasachaidh ann. - Sa Chèitean 2024, dhaingnich an ICO nach rachadh ceum riaghlaidh a ghabhail.

Ceann-latha	Tachartas
An t-Samhain 2024	- Thug in-sgrùdadh na h-aithisgean aca air leasan an a chaidh ionnsachadh dhan Chomataidh Sgrùdaidh, anns a bheil deich molaidhean leasachaidh. - Chaidh an IMT a sgaoileadh, agus ghabh na diofar sheirbheisean thairis an obair a bha air fhàgail air na siostaman.
Leantainneach	Tha na siostaman air an tug an ionnsaigh-saidhbeir buaidh ag obair gu math a-nis agus tha an obair a-nis ag amas air a' chàrn obrach a tha air fhàgail a dhèanamh agus air pròiseasan sruth-obrach ath-sgrùdadh gus cur ri èifeachdas agus buaidh.
An t- Sultain 2025	Rinn sgioba in-sgrùdadh Comhairle Baile Ghlaschu ath-sgrùdadh air na h-ullachaidhean seasmhachd agus tèarainteachd saidhbeir agus cho-dhùin iad gum faodar ìre reusanta de dhearbhadh a chur anns an àrainneachd smachd agus gu bheil prìomh smachdan an sàs agus gu bheil iad ag obair gu h-èifeachdach.

Sgrùdadh 2023/24 air Comhairle nan Eilean Siar

Ionnsaigh-saidhbear a' toirt buaidh air obair agus
seirbheisean



Sgrùdadh Alba, 4mh Làr, 102 West Port, Dùn Èideann EH3 9DN
Fòn: 0131 625 1500
www.audit.scot

ISBN: 978 1 915839 90 9